
An Caisteal




An teacsa Lynne Burgess
Na dealbhan Anne Parsons
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Anna agus Dòmhnall air turas sgoile.
'S ann gu seann chaisteal a bha iad a' dol.



Nuair a ràinig iad an caisteal,
ruith Anna agus Dòmhnall air falbh.



"Thigibh an seo," ars a' Bh-ph. Green.
"Thigibh air ais an seo. Tha sinn
a' dol suas chun a' chaisteil."



Choimhead Anna suas.

"Seall an ridire," thuirt i.



Choimhead Dòmhnall suas.

"Chan eil duine an sin," thuirt e le gàire.

"'S e taibhse a chunnaic thu."



Chaidh iad uile a-steach dhan chaisteal.
"Seall na clogadan," ars a' Bh-ph. Green.
"Bheil sibh airson an cur oirbh?"
Chuir Dòmhnall air clogad mòr.
"Mo chreach!" thuirt e. "Chan fhaic mi càil."



Chuir Anna oirre clogad agus sheall i anns an sgàthan.

"Seall," thuirt i, "Tha mi a' faicinn ridire."




Choimhead Dòmhnall anns an sgàthan.

"Chan eil ridire an sin," thuirt e.

"'S e taibhse a chunnaic thu."

Às dèidh sin chaidh
Dòmhnall a-steach do
rum mòr.
"Falaichidh mi air
Anna," thuirt e.



Bha Anna a' coimhead airson Dhòmhnaill.
"Càite bheil thu, a Dhòmhnaill?" dh'èigh i.



"Oooooooo! Is mise taibhse a' chaisteil,"
thuirt Dòmhnall.
"Chan e taibhse a th' annad," thuirt Anna.



Sa mhionaid sin thàinig ridire a-steach dhan rum.

"Mo chreach!" arsa Dòmhnall.

"Tha ridire a-staigh an seo!"



Ruith Dòmhnall agus Anna air ais
chun a' Bh-ph. Green.
"Chunnaic sinn taibhse an siud!"
thuirt iad rithe.



"Co ris a bha an taibhse coltach?"
dh'fhaighnich a' Bh-ph. Green.
"Bha e coltach ri ridire," thuirt Dòmhnall.
Rinn a' Bh-ph. Green gàire.
"Thigibh còmhla riumsa," thuirt i.
"Tha sinn a' dol a choimhead
dealbh-chluich."



Bha Dòmhnall agus Anna a' faicinn ridirean an siud agus an seo sa chaisteal.

"A bheil na ridirean anns an dealbh-chluich?" dh'fhaighnich Dòmhnall.

"Tha," thuirt a' Bh-ph. Green.



"Ceart ma-thà, 's e ridire a chunnaic mi,"
thuirt Anna.
"Cha b' e taibhse a bh' ann idir."